

Slatan-tomhais

Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)

Am Màrt 2017

Foghlam Alba

Stiùireadh air cleachdadh Slatan-tomhais airson Measadh Am Màrt 2017

Dh'ainmich [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) (Lùnastal 2016) aig Foghlam Alba gur e an dà phrìomh stòras a tha a' cur taic ri luchd-cleachdaidh gus ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh:

- **Eòlasan agus Builean**
- **Slatan-tomhais**

Tha Slatan-tomhais air an leasachadh gus soilleireachd a sholarachadh air na h-ìrean nàiseanta a thathar a' sùileachadh taobh a-staigh gach raon den churraicealam aig gach ìre. Tha iad a' mìneachadh loidhnichean adhartais a tha glè shoilleir ann an litearrachd is Beurla agus àireamhachd is matamataig, agus tarsainn gach raon eile den churraicealam bho Thràth-Ìrean gu Ceathramh Ìrean (Ciad Ìre gu Ceathramh Ìre ann an Nuadh-chànanan). Tha iad a' dèanamh soilleir na dh'fheumas luchd-ionnsachaidh de dh'fhiosrachadh agus a bhith comasach a dhèanamh airson adhartachadh tro na h-ìrean, agus taic a chur ri cunbhalachd ann am breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile.

Tha leasachadh sgilean mar phàirt iomlan de na Slatan-tomhais gus taic a chur ri barrachd tuigse cho-roinnte. Tha tuigse do sgilean agus an ìre gu bheil iad a' leasachadh a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a thogail eadar an ionnsachadh làithreach agus an roghainnean dreuchdail agus cosnadh san àm ri teachd.

Tha slatan-tomhais a' tarraing còmhla agus a' grinneachadh raon fharsaing de stiùireadh measaidh a bh' ann roimhe (a' gabhail a-steach taobhan sònraichte de dh'ionnsachadh, de fhrèaman adhartais agus de dh'eisimpleirean le beachdan) mar aon phrìomh stòras airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile air adhartas chloinne agus dhaoine òga tarsainn gach raon den churraicealam.

Tha slatan-tomhais air an deilbh gus taic a chur ri conaltradh proifeiseanta mar phàirt den phròiseas cuimseachd, mar mheasadh air far a bheil clann agus daoine òga nan ionnsachadh. Cuidichidh iad le bhith a' cur taic ri modhan measaidh iomlanach tarsainn ionnsachadh. Cha bu chòir an comharrachadh dheth fa leth airson adhbharan measaidh.

Bu chòir slatan-tomhais airson litearrachd is àireamhachd an cleachdadh mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta thidsearan air coileanadh ìre. Ann an raointean eile den churraicealam, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile gu tuigse cho-roinnte a thaobh inbhean agus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne a chomharrachadh. Thig fianais air adhartas agus coileanadh bho mheasgachadh de stòran, a' gabhail a-steach:

- amharc air ionnsachadh bho latha gu latha sa chlasrum, seòmar-cluiche no àrainn-obrach;
- amharc agus ais-fhiosrachadh bho ghnìomhachdan ionnsachaidh a tha a' gabhail àite ann an àrainneachdan eile, mar eisimpleir air a' bhlàr a-muigh, air greisean gnìomhachais;
- obair-cùrsa, a' gabhail a-steach dheuchainnean;
- còmhraidhean ionnsachaidh; agus
- measadh iomlanach ùineach air a phlanadh.

Slatan-tomhais ann an raointean curraicealam

Tha slatan-tomhais anns gach raon den churraicealam air an deilbh gu bhith sgiobalta agus ruigsinneach, le gu leòr de dh'fhiosrachadh mionaideach airson nan inbhean a chonaltradh gu soilleir, a thathar a' sùileachadh mu choinneamh gach ìre den churraicealam.

Faodaidh tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile tarraing air na Slatan-tomhais gus an t-eòlas, tuigse, sgilean airson ionnsachadh agus beatha is obair a mheasadh, a tha clann a' leasachadh anns gach raon den churraicealam.

Ann an àrd-sgoiltean, faodaidh Slatan-tomhais taic a chur ri tidsearan speisealach chuspairean ann a bhith a' dèanamh mheasaidhean làidir air adhartas luchd-ionnsachaidh agus na h-inbhean a tha iad a' coileanadh. Cuidichidh iad tidsearan gu bhith cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh roghainnean iomchaidh agus gu bheil iad air an cur air adhart aig ìre iomchaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san ìre as àirde. Cuidichidh seo le eallach-obrach a sheachnadh a tha tuilleadh 's a' chòir do thidsearan agus measaidhean neo-riatanach do luchd-ionnsachaidh. Mar eisimpleir, bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith air Eòlasan agus Builean buntainneach na Ceathramh ìre a choileanadh mus tòisich iad air teisteanasan Nàiseanta 5. Bu chòir do sgoiltean cunntas cùramach a ghabhail air an seo nuair a thathar ag aontachadh roghainnean do ÀS4. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson cuideachadh leis na beachdachaidhean cudromach sin.

Litearrachd agus Àireamhachd

Ann an litearrachd agus àireamhachd, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan a thaobh coileanadh ìre. Bidh breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan air an cruinneachadh agus air am foillseachadh aig ìrean nàiseanta, ionadail agus sgoile. Tha e cudromach gu bheil na breithneachaidhean sin làidir agus earbsach. Cha ghabh seo a choileanadh ach tro chiuimseachd èifeachdach air planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.

Tha coileanadh air ìre stèidhichte air breithneachadh proifeiseanta thidsearan, air a dheagh fhiosrachadh tro raon fharsaing de fhianais. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air an raon de fhianais a chaidh a chruinneachadh gus a dhearbhadh gu bheil an inbhe a bhathar a' sùileachadh air a coileanadh, agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air:

- **leud** ionnsachaidh a choileanadh tarsainn an eòlais, an tuigse agus na sgilean mar a tha iad air am mìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ìre;
- dèiligeadh cunbhalach math leis an ìre de **dhùbhlán** a tha air a mhìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ìre, agus air gluasad air adhart gu ionnsachadh aig an ath ìre ann an cuid de thaobhan; agus
- air **gnìomhachadh** a thaisbeanadh anns na tha iad air ionnsachadh ann an suidheachaidhean ùra agus neo-aithnichte.

Chan eil e riatanach do luchd-ionnsachaidh maighstireachd a thaisbeanadh air gach taobh fa leth de dh'ionnsachadh taobh a-staigh Slatan-tomhais aig ìre shònraichte mus gluais iad air adhart chun na h-ath ìre. Ach, tha e cudromach nach eil beàrnan mòra sam bith ann an ionnsachadh chloinne is dhaoine òga nuair a thathar a' coimhead tarsainn nam prìomh eagraichearan anns gach raon den churraicealam.

Planadh ionnsachadh, teagasg agus measadh a' cleachdadh nan Slatan-tomhais

A thuilleadh air [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) bho Àrd-Sgrùdaire Foghlaim na Banrigh, An Lùnastal 2016, mu adhbhar agus cleachdadh Shlatan-tomhais, bu chòir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile a' chomhairle a leanas a thoirt fa-near.

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NÌTHEAR	PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NACH DÉANAR
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais litearrachd agus àireamhachd a chleachdadh gus cuideachadh le sùil a chumail air adhartas a dh'ionnsaigh coileanadh ìre, agus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta iomlan air an uair a tha an neach-ionnsachaidh air ìre a choileanadh. 	<ul style="list-style-type: none"> Seachain fòcas neo-riatanach air Slatan-tomhais fa leth a dh'fhaodadh toradh ann an cus measaidh no cus clàraidh air adhartas chloinne.
<ul style="list-style-type: none"> Fàs eòlach air Slatan-tomhais raointean eile den churraicealam rè ùine. 	<ul style="list-style-type: none"> Seachain an riatanas a bhith a' tional tuilleadh 's a' chòir de dh'fhianais airson coileanadh luchd-ionnsachaidh a mheasadh.
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais a chleachdadh gus cuideachadh le dearbhadh a bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas freagarrach a dh'ionnsaigh nan slatan-tomhais nàiseanta a thathar a' sùileachadh, agus am fianais a chleachdadh airson nan ath cheumannan dùbhlach ann an ionnsachadh, a phlanadh. 	<ul style="list-style-type: none"> Chan eil adhbhar air breithneachaidhean a dhèanamh air ìrean curraicealaim anns na raointean uile den churraicealam – cùm ri litearrachd agus àireamhachd.
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais a dheasbad taobh a-staigh agus tarsainn sgoiltean gus tuigse cho-roinnte a ruighinn de na h-inbhean nàiseanta a thathar a' sùileachadh tarsainn raointean a' churraicealaim. 	<ul style="list-style-type: none"> Na cruthaich dòighean-obrach mì-choltach no mionaideach le sgrùdadh agus tracadh.
	<ul style="list-style-type: none"> Na bi a' measadh Shlatan-tomhais fa leth. Planaig measadh ùineach is iomlanach air ionnsachadh chloinne is dhaoine òga.
	<ul style="list-style-type: none"> Na comharraich dheth Slatan-tomhais fa leth.

Slatan-tomhais – Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) Tràth-Ìre

	Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Èisteachd agus Labhairt	Ag èisteachd airson fiosrachadh	<p>Tro èisteachd agus gabhail pàirt ann an aithris sgeulachdan agus ann an rannan, geamannan is òrain, tha mi air pàtrain fuaim, facail is abairtean ann an Gàidhlig, a rannsachadh agus fheuchainn a-mach.</p> <p style="text-align: center;">LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh gu gnìomhach ann an rannan, òrain, geamannan agus innse sgeulachdan. • Ag ath-aithris agus a' cleachdadh fhacail agus abairtean simplidh, mar eisimpleir, <i>tha mi ag iarraidh deoch, seo leabhar</i>. • Freagairt ann an dòigh iomchaidh do stiùireadh bunaiteach sa chlasrum, gu h-àraid co-cheangailte ri gnàth-chùrsaichean. • Cleachdadh agus a' taisbeanadh tuigse do Ghàidhlig ann an gnàth-chùrsaichean bunaiteach làitheil.
	Èisteachd agus labhairt ri càch	<p>Tha mi air pàtrain agus fuaimean a' chànain a rannsachadh agus fheuchainn a-mach agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaich mi a chur gu feum.</p> <p style="text-align: center;">LGL 0-02a</p> <p>Na mo bheatha làitheil agus ann an cluich, 's urrainn dhomh èisteachd ri agus coimhead airson fiosrachadh inntinneach no feumail.</p> <p style="text-align: center;">LGL 0-04a</p> <p>Tro èisteachd agus com-pàirteachadh ann an innse sgeulachdan, geamannan, rannan agus òrain, tha mi air pàtrain fuaim, facail agus abairtean ann an Gàidhlig a rannsachadh agus fheuchainn a-mach.</p> <p style="text-align: center;">LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag ionnsachadh òrain, rannan agus dàin air chuimhne agus a' gabhail tlachd a bhith gan cur an gnìomh. Ath-aithris air facail agus abairtean à òrain, rannan, dàin agus cleachdadh air Gàidhlig làitheil. • Cleachdadh fhacail agus abairtean air an ionnsachadh bho chleachdadh làitheil air Gàidhlig, leabhraichean sgeulachdan, òrain agus prògraman, nan abairtean stèidhichte mar phàirt de dh'ionnsachadh cànan. • Ag aithneachadh agus a' cleachdadh atharrachaidhean ann am fuaimneachaidhean gu mionaideach, taobh a-staigh cho-theacsaichean eòlach mar òrain, mar eisimpleir, <i>glè mhath</i> agus chan e <i>math</i>. • Freagairt cheistean simplidh airson fiosrachadh pearsanta a thoirt seachad mun deidhinn fhèin, mar eisimpleir, <i>Is mise... agus tha mi ceithir</i>. • Freagairt cheistean simplidh mun deidhinn fhèin, a' cleachdadh briathrachas agus abairtean aithnichte.

Leughadh			<ul style="list-style-type: none"> • Leantainn stiùiridhean sìmplidh agus cuimhneachain ann an raon de cho-theacsaichean co-cheangailte ri cluich agus gnàth-chùrsaichean. • Ath-aithris briathrachas air ionnsachadh bho raon de chuspairean pearsanta.
	Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh èisteachd, amharc agus cluich airson taobhan de chultar na Gàidhlig a rannsachadh.</p> <p style="text-align: right;">LGL 0-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Freagairt do agus com-pàirteachadh ann an gnìomhachdan cultarach Gàidhlig leithid subhachasan Latha Naomh Anndrais, tachartasan Mhòdan ionadail is nàiseanta, no suidheachaidhean ionadail agus cluich co-cheangailte ri cultar na Gàidhlig. • Cleachdadh fiosrachadh bho theacsa labhairte no gnìomhachd cluiche, gus taobhan de chultar na Gàidhlig a rannsachadh.
	Cleachdadh eòlas air cànan	<p>Tro bhith ag èisteachd agus com-pàirteachadh ann an aithris sgeulachdan, geamannan agus rannan is òrain, tha mi air pàtrain fuaim, facail agus abairtean a rannsachadh agus fheuchainn a-mach.</p> <p style="text-align: right;">LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Freagairt cheistean sìmplidh agus chuimhneachain mu dheidhinn fhèin agus a' cleachdadh briathrachas aithnichte.
	Lorg agus cleachdadh eòlas air cànan	<p>Tro bhith ag èisteachd agus a' com-pàirteachadh ann an innse sgeulachdan agus rannan, geamannan is òrain, tha mi air pàtrain fuaim, facail agus abairtean Gàidhlig fheuchainn a-mach agus air tlachd fhaighinn asta.</p> <p style="text-align: right;">LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh beagan fhacail Gàidhlig, mar eisimpleir, a' faighneachd ciamar a tha neach, fàilteachaidhean, dathan agus stiùiridhean, mar phàirt de chluich agus ann an gnàth-chùrsaichean làitheil. • Taisbeanadh tuigse tro chleachdadh air dealbhan, mim agus mìneachaidhean.

Sgrìobhadh	Leughadh airson ùidh ann an cultar	Tha mi air facail agus abairtean Gàidhlig a rannsachadh agus fheuchainn a-mach. LGL 0-11a / LGL 0-12a / LGL 0-13a	<ul style="list-style-type: none"> • Ag aithneachadh agus ag ath-aithris fhuaimnean Gàidhlig ann an teacsaichean. • Comharrachadh phàtrain fuaim simplidh Gàidhlig ann am facail. • Aithneachadh prìomh fhacail ann an abairtean. • Taisbeanadh tuigse tro mhìm agus dhealbhan, mar eisimpleir.
	Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh	Tha mi air facail agus abairtean Gàidhlig a rannsachadh agus fheuchainn a-mach. LGL 0-11a / LGL 0-12a / LGL 0-13a	<ul style="list-style-type: none"> • Còpaigeadh, sgrìobhadh agus ath-aithris fhuaimnean Gàidhlig agus comasach air an ceangal ri facail. • Aithneachadh leubailean cumanta san t-seòmar-cluiche/sa chlasrum, mar eisimpleir, ainmean ann an Gàidhlig, leubailean air treidheachan.
	Cleachdadh eòlas air cànan	Tha mi air facail agus abairtean Gàidhlig a rannsachadh agus fheuchainn a-mach. LGL 0-11a / LGL 0-12a / LGL 0-13a	<ul style="list-style-type: none"> • Taghadh fhacail bho stòrasan mar bhannaichean fhacail agus ballachan fhacail airson seantansan simplidh a chur ri chèile. • Rannsachadh agus feuchainn a-mach litrichean mar phàirt de dhèanamh chomharran no cluich.

Slatan-tomhais – Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) Ciad ìre

	Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Èisteachd agus Labhairt	Èisteachd airson fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an cluich is geamannan, le dàin shìmplidh, sgeulachdan as aithne dhomh agus cleasan dràma, agus facail is abairtean Gàidhlig air a bheil mi eòlach fhuaimneachadh.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh gu gnìomhach ann an òrain, rannan, innse sgeulachdan agus geamannan ann an Gàidhlig. • Cleachdadh abairtean agus facail aithnichte ann an gnìomhachdan cluiche agus geama. • Ag aithneachadh fhacail agus abairtean ann an dàin shìmplidh agus riochdan-gabhail goirid, gus tuigse don Chànan Ghàidhlig a thaisbeanadh. • Freagairt ann an dòigh iomchaidh do stiùiridhean ann an Gàidhlig sa chlasrum. • Ag ath-chuimhneachadh òrain, dàin agus rannan as toil leotha.
	Èisteachd agus labhairt ri càch	<p>'S urrainn dhomh raon de dh'iarrtasan bho luchd-teagaisg agus bho dhaoine eile a fhreagairt, gu labhairteach agus neo-labhairteach.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-02a</p> <p>'S urrainn dhomh facail agus abairtean air a bheil mi eòlach a chleachdadh airson fiosrachadh sìmplidh a thoirt seachad.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-03a</p> <p>'S urrainn dhomh cuideachadh iarraidh, a' cleachdadh abairtean agus facail shìmplidh no eòlach a tha mi air ionnsachadh a-cheana.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-04a</p> <p>Ann a bhith a' gabhail pàirt ann an innse sgeulachdan, geamannan, rannan, òrain agus dàin ann an Gàidhlig, 's urrainn dhomh</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag èisteachd ri agus a' freagairt ann an dòigh iomchaidh do raon de dh'iarrtasan bhon tidsear agus càch, a' cleachdadh seantansan, facail agus gluasadan-bodhaig sìmplidh. • Ag aithneachadh agus a' cleachdadh an tràth làthaireach. • Freagairt cheistean sìmplidh ann an dòigh iomchaidh mu chuspairean eòlach leithid fiosrachadh pearsanta, a' cleachdadh seantansan, facail agus gluasadan-bodhaig sìmplidh, mar eisimpleir, <i>Tha mi ochd. Tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis.</i> • Roinn fiosrachadh sìmplidh pearsanta mun deidhinn fhèin air cuspairean eòlach, mar eisimpleir, cur an cèill nithean as toil agus nach toil, a' cleachdadh fhacail air an ionnsachadh agus abairtean sìmplidh. • Cleachdadh abairtean agus facail shìmplidh no eòlach leithid ag iarraidh rudeigin no ag iarraidh cuideachadh, mar eisimpleir, <i>Tha mi ag iarraidh uisge.</i>

	<p>facail as aithne dhomh agus abairtean sìmplidh a chleachdadh.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-05a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh beagan bhuadhairean sìmplidh leithid feadhainn co-cheangailte ri meud no dath agus beagan fhacail-ceangail sìmplidh, mar eisimpleir, <i>agus</i>. • Ag aithneachadh agus a' mìneachadh brìgh fhacail fa leth air an ionnsachadh bho dhàin, òrain agus sgeulachdan. • Ag ionnsachadh air an teangaidh agus a' cleachdadh abairtean sìmplidh, a' gabhail pàirt ann an còmhradh. • Cleachdadh beagan theirmean modhail sòisealta airson toiseach agus crìoch a chur air eadar-chonaltradh.
<p>Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh</p>	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri cunntasan dhaoine eile mu nithean a thachair dhaibh agus freagairt ann an diofar dhòighean, nuair a tha mi a' rannsachadh pàirtean de chultar na Gàidhlig.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh fhacail agus abairtean air an ionnsachadh ann an dòigh iomchaidh gus tuigse a thaisbeanadh ann an rannsachadh thaobhan de chultar na Gàidhlig. • Freagairt ann an dòigh iomchaidh do an eòlasan cultarach fhèin agus chàich, a' cleachdadh fhacail is abairtean air an ionnsachadh, mar eisimpleir, gabhail pàirt ann an tachartasan Mhòdan ionadail is nàiseanta, subhachasan Latha Naomh Anndrais, tachartasan cultarach ionadail agus ann an dràma is riochd-ghabhail.
<p>Cleachdadh eòlas air cànan</p>	<p>Nuair a tha mi a' leughadh leam fhìn no còmhla ri daoine eile, 's urrainn dhomh facail air a bheil mi eòlach agus abairtean agus seantansan sìmplidh a leughadh.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-07a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Comharrachadh agus leughadh fhacail sìmplidh, seantansan agus abairtean aithnichte air an ionnsachadh bho mheasgachadh de chuspairean, an dà chuid gu neo-eisimeileach agus còmhla ri càch.

Leughadh	Lorg agus cleachdadh fiosrachadh	<p>Dh'obraich mi leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, agus 's urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn fhacail, shoidhnichean agus abairtean ann an cànan air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Leughadh fhacail aithnichte, abairtean sìmplidh, seantansan is teacsaichean goirid gu neo-eisimeileach no còmhla ri càch. • Freagairt cheistean ann an dòigh iomchaidh, air am faighneachd mu theacsaichean sìmplidh. • Taisbeanadh tuigse do fhacail agus abairtean tro fhreagairtean iomchaidh. • Maidseadh ìomhaighean le teacsa iomchaidh. • Còmhradh mu theacsa goirid ann an co-theacs aithnichte a' cleachdadh fhacail agus abairtean aithnichte. • Cleachdadh bhancaichean fhacail le dealbhan, cuimhneachain dealbhach, faclairan le dealbhan agus taisbeanaidhean, airson taic a chur ri tuigse do theacsaichean sìmplidh.
Leughadh	Leughadh airson ùidh ann an cultar	<p>Dh'obraich mi còmhla ri daoine eile airson teacsaichean sìmplidh Gàidhlig a leughadh agus a dheasbad. 'S urrainn dhomh fiosrachadh sìmplidh a thoirt seachad mu bheatha choimhearsnachdan Gàidhlig ann an Alba.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-09a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Co-obrachadh le càch airson teacsaichean sìmplidh Gàidhlig a leughadh, a' cleachdadh fheartan den teacsa gu cuideachadh le tuigse do bhrìgh nam facal. • Freagairt cheistean ann an dòigh iomchaidh mu theacsaichean sìmplidh a tha a' taisbeanadh tuigse. • Lorg agus roinn fiosrachadh ann an Gàidhlig bho theacsa co-cheangailte ri taobhan de chultar na Gàidhlig a tha diofraichte ann an coimhearsnachdan.
Leughadh	Leughadh airson ùidh agus tlachd	<p>Is toil leam a bhith a' dol an sàs ann an teacsaichean sìmplidh leam fhìn agus còmhla ri daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">LGL 1-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taghadh sgeulachd, leabhar no teacsa airson a roinn le càch. • Com-pàirteachadh ann an seiseanan sgeulachdan, a' cleachdadh dhealbhan agus pàirtean ath-aithriseach den sgeulachd airson ro-aithneachadh agus ro-innse de tha dol a thachairt.

	Tuigsinn eòlas air cànan	Tha mi air fuaimean, litrichean agus facail a rannsachadh, a' faighinn a-mach mar a tha iad ag obair còmhla agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaich mi a chleachdadh airson mo chuideachadh a' leughadh. LGL 1-11a	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh eòlas air fuaimean, litrichean, coimeasgadh agus pàtrain ann an Gàidhlig airson facail ùra a leughadh. • Aithneachadh cuid de fhacail chumanta agus leughadh a-mach teacsaichean simplidh, a' taisbeanadh tuigse. • Cleachdadh measgachadh de stòrasan eòlach mar thaic a chur ri tuigse do theacsaichean simplidh. • Cur an sàs ro-innleachdan leughaidh gus brìgh fhacail obrachadh a-mach bho cho-theacsaichean no bho dhealbhan.
Sgrìobhadh	Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh	'S urrainn dhomh facail agus abairtean simplidh as aithne dhomh a sgrìobhadh ann an Gàidhlig. LGL 1-12a	<ul style="list-style-type: none"> • Sgrìobhadh fhacail aithnichte agus abairtean simplidh, mar eisimpleir, fàilteachadh air cairt no cuireadh, leubail air dealbh no diagram. • Sgrìobhadh abairtean simplidh gus fiosrachadh pearsanta a chur an cèill. • Taisbeanadh mothachadh do bhlasan-cainnte agus gan cleachdadh gu h-iomchaidh ann an sgrìobhadh.
	Cleachdadh eòlas air cànan	'S urrainn dhomh measgachadh de stòran a chleachdadh airson mo chuideachadh a' dèanamh cinnteach gu bheil mo litreachadh Gàidhlig agus mo phuingeachadh ceart. LGL 1-13a	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh bhanaichean fhacail, teicneòlas didseatach, liostaichean briathrachais, taisbeanaidhean clasruim agus taic bho chàch le sgrùdadh air litreachadh agus mionaideachd briathrachais neo-aithnichte. • Co-obrachadh le comhaoisean no leis an tidsear gus sgrìobhadh a dhearbhadh-leughadh no a cheartachadh a rèir nan slatan-tomhais soirbheachaidh agus nan targaidean leasachaidh.

Slatan-tomhais – Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)

	Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Èisteachd agus Labhairt	Èisteachd airson fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn stiùireadh agus cànan o ghuthan agus stòran air a bheil mi eòlach.</p> <p>LGL 2-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh ann an raon de ghnìomhachdan cànan, mar eisimpleir, mìneachadh bhon tidsear, geamannan ionnsachadh cànan, sgeulachdan, riochdan-gabhail goirid agus taisbeanaidhean a tha a' leudachadh briathrachais agus abairtean. • Taisbeanadh tuigse do chànan air a chleachdadh ann an gnìomhachdan cànan leithid geamannan, sgeulachdan agus òrain tro, mar eisimpleir, freagairtean iomchaidh, ath-aithris agus/no ath-innse. • Taisbeanadh tuigse do mheasgachadh de theacsaichean èisteachd anns a bheil iad a' comharrachadh fhacail fa leth agus brìgh, agus a' freagairt cheistean ann an dòigh iomchaidh. • Taisbeanadh tuigse do stiùiridhean sa chlasrum tro fhreagairtean iomchaidh.
	Èisteachd agus labhairt ri daoine eile	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus freagairt a thoirt do ghuthan ann an còmhradh goirid a tha a' leantainn pàtran àbhaisteach, a' cleachdadh cànan furasta agus dòighean neo-labhairteach mar a tha iomchaidh leithid gluasad-bodhaig agus glacadh-sùla.</p> <p>LGL 2-02a</p> <p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail gu h-èifeachdach ann an còmhradhean air an ullachadh ro-làimh, le bhith ag innse fiosrachadh mun dheidhinn fhèin, mu dhaoine eile no mu nithean anns a bheil ùidh agam, a' cleachdadh fhacail air a bheil mi eòlach agus structaran cànan sìmplidh.</p> <p>LGL 2-03a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag èisteachd ri agus a' freagairt ann an dòigh iomchaidh raon de dh'iarritasan bhon tidsear agus bho chàch. • Com-pàirteachadh ann an còmhradhean, freagairt a' cleachdadh cànan furasta. • Cur an sàs dòighean neo-labhairteach ann an conaltradh le càch, mar eisimpleir, glacadh-sùla, coltasan aodainn agus/no cànan bodhaig. • Freagairt cheistean mun deidhinn fhèin ann an dòigh iomchaidh, a' cleachdadh abairtean, seantansan agus facail air an ionnsachadh. • Roinn fiosrachadh pearsanta mun deidhinn fhèin mu chuspairean eòlach, mar eisimpleir, cur an cèill nithean as toil agus nach toil le misneachd. • Cur an sàs agus cleachdadh riaghailtean gràmair, mar

'S urrainn dhomh cuideachadh iarraidh le misneachd, a' cleachdadh abairtean a dh'ionnsaich mi no cànan air a bheil mi eòlach.

LGL 2-04a

'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan co-obrachail Gàidhlig air a bheil mi eòlach, leithid geamannan, còmhradh càraid agus dealbhan-cluiche beaga.

LGL 2-05b

eisimpleir, sèimheachadh ciad chonnragan, cleachdadh air an tuiséal ghairmeach.

- Cleachdadh an tràth làthaireach gu neo-mhearachdach agus cuid de thràthan caithte cumanta, mar eisimpleir, *Chaidh, Bha, Cha robh, Fhuair, Chunnaic*.
- Cleachdadh cruthan ceart de riochdairean airson ceistean mu chàch a fhreagairt, mar eisimpleir, *Tha bràthair agam. Tha e deich*.
- Cleachdadh abairtean agus facail aithnichte air an ionnsachadh a tha co-cheangailte ri cuspairean ùidhe, mar eisimpleir, peataichean agus biadh agus ann an cleachdadh Gàidhlig mar chànan amasaichte a' chlasruim agus na sgoile.
- Cleachdadh briathrachas gu neo-mhearachdach airson barrachd mion-fhiosrachaidh a thoirt seachad, mar eisimpleir, dathan - *Tha cù dubh agus geal agam*.
- Cleachdadh abairtean air an ionnsachadh agus cànan aithnichte airson cuideachadh iarraidh agus airson Gàidhlig a chleachdadh mar chànan a' chlasruim, mar eisimpleir, an tuiséal gairmeach aig àm clàraidh.
- Com-pàirteachadh agus cleachdadh abairtean air an ionnsachadh ann an raon de ghnìomhachdan le càch, mar eisimpleir, geamannan, còmhradh càraid agus gnìomhachdan riochd-ghabhail.
- Ag èisteachd agus freagairt chàich ann an dòigh iomchaidh le bhith a' freagairt agus a' faighneachd cheistean sìmplidh, cur an sàs cànan air ullachadh ro-làimh agus air ionnsachadh air an teangaidh.
- Cleachdadh measgachadh de theirmean modhail sòisealta mar thoiseach agus deireadh air eadar-chonaltraidhean.
- Ag èisteachd, gabhail thursan agus a' cur aig an àm iomchaidh ri conaltradh le càch ann an còmhradh agus riochdan-gabhail a tha a' sìor fhàs seasmhach.
- Freagairt bheachdan chàich ann an dòigh iomchaidh,

Èisteachd agus Labhairt	Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh taisbeanadh goirid a thoirt seachad mu chuspair air a bheil mi eòlach, a' cleachdadh cànan agus abairtean air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-06a</p> <p>Dh'obraich mi còmhla ri daoine eile, a' cleachdadh ICT agus meadhanan eile far a bheil sin iomchaidh, agus 's urrainn dhomh cur gu soirbheachail ri taisbeanadh sa Bheurla, le taic bho fhacail Ghàidhlig, mu phàirt de chultar agus de dhualchas na Gàidhlig.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-06b</p>	<p>le bhith a' faighneachd agus a' freagairt cheistean mu cho-theacsaichean aithnichte, mar eisimpleir, fèin, teaghlach, caraidean, sgoil, side.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh cuspair sa bheil ùidh aca do bhuidheann no do chlas, no cuspair eòlach eile a' cleachdadh mar eisimpleir, dealbhan, teicneòlas didseatach, cairtean boillsge no cairtean sanais mar thaic. • Cumail a' dol taisbeanadh goirid gus mionaideachd ann am fuaimneachadh agus dòigh-labhairt a nochdadh. • Cleachdadh fhacail agus abairtean air an ionnsachadh ann an dòigh iomchaidh gus tuigse a thaisbeanadh ann an rannsachadh thaobhan de chultar na Gàidhlig. • A' gnìomhadh gu co-obrachail, a' cleachdadh teicneòlas didseatach agus raon de mheadhanan gus tuigse do thaobhan de chultar na Gàidhlig a thaisbeanadh, mar eisimpleir, freagairt cheistean a' cleachdadh Gàidhlig, a' cur ri taisbeanaidhean.
	Cleachdadh eòlas air cànan	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan agus fuaimneachadh a chleachdadh gus a dhèanamh cinnteach gun tuig daoine eile mi nuair a bhios mi a' leughadh a-mach no a' labhairt fhacail, abairtean agus theacsaichean goirid air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-07a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh eòlas air fuaimnean, litrichean agus pàtrain fuaimnean mar thaic do fhuaimneachadh agus tuigse do fhacail a tha ann an teacsaichean eòlach. • Fuaimneachadh fhacail aithnichte gu soilleir mar thaic do chonaltradh. • Freagairt cheistean agus chuimhneachain a' cleachdadh briathrachas agus abairtean air an ionnsachadh. • Ag aithneachadh fhacail eòlach ann an diofar cho-theacsaichean, mar eisimpleir, sgeulachdan goirid, geamannan agus rannan. • Cur an sàs riaghailtean fuaimneachaidh ann am facail neo-aithnichte. • Cleachdadh guth ann an dòigh iomchaidh.

Leughadh	Lorg agus cleachdadh fiosrachadh	<p>Dh'obraich mi leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsaichean a thuigsinn, a' cleachdadh stòrasan iomchaidh. 'S urrainn dhomh leughadh, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn sheantansan agus theacsaicheann simplidh ann an cànan air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Leughadh fhacail, abairtean, seantansan agus teacsaichean goirid mu shuidheachaidhean pearsanta agus làitheil. • Freagairt cheistean air am faighneachd mu theacsaichean ann an dòigh iomchaidh. • Taisbeanadh tuigse do fhacail agus abairtean tro fhreagairtean iomchaidh. • Freagairt teacsa goirid ann an co-theacsa eòlach a' cleachdadh fhacail agus abairtean aithnichte.
	Leughadh airson ùidh ann an cultar	<p>Dh'obraich mi leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsaichean simplidh Gàidhlig a leughadh agus a dheasbad. 'S urrainn dhomh fiosrachadh simplidh a thoirt seachad mu bheatha ann an cuid de na dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus na cànanan dàimheil dhi air an labhairt.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-09a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Leughadh theacsaichean Gàidhlig a' cleachdadh fheartan den teacsa gus taic a chur ri tuigse do fhacail nach eil cho aithnichte. • Freagairt cheistean mun teacsa ann an dòigh iomchaidh, a' taisbeanadh tuigse. • Lorg agus roinn fiosrachadh bho theacsa co-cheangailte ri taobhan de chultar na Gàidhlig ann an dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus cànan dàimheil dhi air an labhairt.
	Leughadh airson ùidh agus tlachd	<p>Thagh mi, agus 's urrainn dhomh leughadh leam fhìn agus còmhla ri daoine eile, measgachadh de theacsaichean furasta de dhiofar sheòrsaichean, cuid aca a tha air an atharrachadh.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taghadh raon de theacsaichean airson an roinn le càch. • Leughadh raon de theacsaichean gu neo-eisimeileach agus còmhla ri càch airson diofar adhbharan.

Leughadh	Cleachdadh eòlas air cànan	<p>Tha mi a' tuigsinn mar a tha faclair dà-chànanach ag obair agus 's urrainn dhomh a chleachdadh le taic.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-11a</p> <p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh, agus ceanglaichean a lorg eadar pàtrain litreachaidh ann am Beurla agus Gàidhlig.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-11b</p> <p>Aithnichidh mi agus 's urrainn dhomh labhairt mu fheartan eile dem chànan fhìn, a tha gam chuideachadh a' dèanamh ciall de fhacail sa Ghàidhlig.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-11c</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Aithne air liosta briathrachais dà-chànanach, beag-fhaclair, teicneòlas didseatach no faclair a chleachdadh airson brìgh fhacail fhaighinn a-mach. • Ag aithneachadh fhacail chumanta agus facail bho dhiofar chuspairean agus a' leughadh theacsaichean a-mach, a' taisbeanadh tuigse. • Leughadh agus tuigsinn theacsaichean a tha a' gabhail a-steach briathrachas agus structaran air an ionnsachadh ann an co-theacsaichean aithnichte agus neo-aithnichte. • Leughadh agus taisbeanadh tuigse do theacsaichean sgrìobhte san tràth làthaireach, le faireachdainn air a chur ris. • Leughadh agus taisbeanadh tuigse do sheantansan a tha a' gabhail a-steach buadhairean bunaiteach, co-ghnìomhairean agus cleachdadh air àireamhan. • Cleachdadh eòlas air fuaimean, litrichean is pàtrain, gràmar is structaran ann an Gàidhlig airson facail a leughadh agus a thuigsinn, a tha ann an teacsaichean aithnichte. • Cur an sàs ro-innleachdan leughaidh leithid grad-leughadh, airson brìgh fhacail obrachadh a-mach bho cho-theacsaichean.
----------	----------------------------	---	--

Sgrìobhadh	Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh facail as aithne dhomh a chleachdadh airson mo shuidheachadh a mhineachadh agus fiosrachadh sìmplidh a thoirt seachad. 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air pàirtean de chultar agus de dhualchas na Gàidhlig.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-12a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cruthachadh theacsaichean sgrìobhte goirid a tha a' toirt seachad beagan fiosrachaidh, mar eisimpleir, mun deidhinn fhèin agus mu chàch, adhartachadh thachartasan leithid <i>Mòd</i> no <i>Fèis</i>, teachdaireachd ghoirid air meadhanan sòisealta no faidhle fiosrachaidh. • Sgrìobhadh a' cleachdadh sheantansan co-cheangailte, a' cleachdadh naisgearan sìmplidh, mar eisimpleir, <i>agus</i>, <i>o chionn</i>, <i>no</i>, <i>ach</i>, a tha a' leughadh ann an dòigh òrdail. Tha an sgrìobhadh sa mhòr-chuid san tràth làthaireach le buadhairean agus gnìomhairean sìmplidh agus cleachdadh air blasan-cainnte. • Sgrìobhadh airson nithean as toil agus nach toil, a nochdadh. • Sgrìobhadh airson conaltradh a bhith soilleir leis a' chiad leughadh, gun mhearachdan a bhith a' cur bacadh air tuigse iomlan.
	Cleachdadh eòlas air cànan	<p>Chleachd mi m' eòlas air cànan agus slatan-tomhais coileanaidh airson mo chuideachadh, agus 's urrainn dhomh a dhèanamh cinnteach gun sgrìobh mi facail agus abairtean as aithne dhomh gun mhearachd.</p> <p style="text-align: right;">LGL 2-13a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh cleachdadh a tha a' sìor fhàs air blasan-cainnte, gnìomhairean agus buadhairean. • Litreachadh nam facal as cumanta gun mhearachd, a' cleachdadh stuthan iomraidh, mar eisimpleir, bancaichean fhacail, teicneòlas didseatach, liostaichean briathrachais, faclairan agus taisbeanaidhean clasruim, airson mionaideachd an litreachaidh agus briathrachas neo-aithnichte an obair sgrìobhte fhèin agus chàich, a sgrùdadh. • Puingeachadh na mòr-chuid de sheantansan gun mhearachd, a' cleachdadh àbhaistean puingeachaidh. • Ag obair le comhaois no leis an tidsear airson sgrìobhadh a dhearbhadh-leughadh no a cheartachadh a rèir nan slatan-tomhais soirbheachaidh agus nan targaidean leasachaidh.

Slatan-tomhais – Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) Treas Ìre

	Eagraichearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Èisteachd agus Labhairt	Èisteachd airson fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn cànan agus stiùiridhean air a bheil mi eòlach gu ìre mhòr bho mheasgachadh de stòran, far a bheil na seantansan nas fhaide agus far am faod barrachd air aon neach a bhith a' labhairt.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh ann an raon de ghnìomhachdan cànan, a' cur an sàs cànan air ionnsachadh ann an raon de cho-theacsaichean, mar eisimpleir, sgeulachdan, dàin, riochdan-gabhail, còmhradhean agus taisbeanaidhean. • Taisbeanadh tuigse do chànan air a chleachdadh ann an raon de ghnìomhachdan cànan tro fhreagairtean iomchaidh. • Taisbeanadh tuigse do mheasgachadh farsaing de theacsaichean èisteachd tro fhreagairtean iomchaidh do cheistean. • Taisbeanadh tuigse do stiùiridhean a' chlasruim.
	Èisteachd agus labhairt ri càch	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri daoine agus am freagairt ann an còmhradhean a tha gu ìre mhòr a' leantainn pàtran a tha àbhaisteach ach a tha nas fhaide, a' cleachdadh cànan air a bheil mi eòlach agus/no modhan neo-labhairteach.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-02a</p> <p>'S urrainn dhomh pàirt èifeachdach a ghabhail ann an còmhradhean air an ullachadh ro-làimh, le bhith a' cleachdadh measgachadh de structaran cànan airson fiosrachadh, eòlasan agus beachdan a chur an cèill, agus 's urrainn dhomh adhbharan simplidh a thoirt airson nam beachdan sin.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-03a</p> <p>'S urrainn dhomh còmhradh a chumail a' dol le</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Èisteachd agus freagairt don tidsear agus càch ann an dòigh iomchaidh, a' cleachdadh cànan aithnichte. • Com-pàirteachadh ann an còmhradhean nas fhaide, a' cleachdadh raon de structaran cànan, mar eisimpleir, tràthan caithte, làthaireach agus teachdail, gnìomhairean neo-riaghailteach, roimhearan riochdail, ainmearan gnìomhaireach, ceistean àicheil, <i>nach eil</i>, gnìomhairean taiceil, <i>feumaidh</i>, <i>faodaidh</i>, abairtean gnìomhaireach, <i>is urrainn</i>, <i>is fhèarr</i>, cruth ceannsalach, <i>is</i>, <i>e</i> agus iomarran cumanta. • Cur an sàs dòighean neo-labhairteach ann an conaltradh le càch. • Comharrachadh an adhbhair iomlain agus cuid de phrìomh phuingean nan còmhradhean. • Freagairt cheistean ann an dòigh iomchaidh airson

	<p>bhith ag iarraidh cuideachadh, ag iarraidh air daoine abairtean ath-aithris agus a' faighneachd cheistean sìmplidh.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-04a</p> <p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an raon de ghnìomhachdan co-obrachail ann an Gàidhlig, a' gabhail a-steach geamannan, còmhradh càraid agus dealbhan-cluiche le structar, stèidhichte air raon de cho-theacsaichean agus de shuidheachaidhean fìor.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-05a</p>	<p>fiosrachadh a thoirt mun deidhinn fhèin agus càch, a tha mionaideach agus iomadh-fhillte, mar eisimpleir, taisbeanadh mionaideachd ann an gràmar sa mhòr-chuid.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Freagairt agus faighneachd cheistean. • Cleachdadh measgachadh de structaran cànan agus briathrachas ann an roinn fiosrachaidh, eòlasan agus beachdan agus comasach air roghainnean fhìreanachadh. • Cur an sàs agus nas deònaiche air facail, ceistean agus riaghailtean gràmair nas toinnte a chleachdadh, a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean, mar eisimpleir, <i>Chan eil mi gad thuigsinn, Dè tha thu a' ciallachadh? An do chord e riut?</i> • Taisbeanadh tuigse tro fhreagairtean gun mhearachd do cheistean agus stiùiridhean le nas lugha taic bho nòtaichean. • Conaltradh gu soilleir le càch, le mionaideachd a' sìor fhàs agus furasta a thuigsinn. • Cleachdadh raon de dhòighean còmhla ri abairtean air an ionnsachadh agus cànan aithnichte mar thaic do chòmhradh, mar eisimpleir, ag iarraidh cuideachadh, ag iarraidh a' cheist no an stiùiridh ath-aithris, faighneachd cheistean buntainneach. • Com-pàirteachadh le neo-eisimeileachd agus misneachd nas motha ann an raon de cho-theacsaichean agus suidheachaidhean fìor. • Freagairt cheistean agus chuimhneachain a' cleachdadh briathrachas agus abairtean aithnichte. • Cleachdadh agus cur an sàs eòlas air Gàidhlig ann an raon de shuidheachaidhean ro-innseach far a bheil conaltradh a' coileanadh adhbhar agus slatan-tomhais. • Cleachdadh theirmean modhail sòisealta gus toiseach agus crìoch a chur gu nàdarraidh air eadar-chonaltraidhean.
<p>Eagrachadh agus</p>	<p>Chuir mi gu soirbheachail ri buidheann airson òraid ghoirid sa Ghàidhlig a phlanadh agus</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A' gnìomhadh gu co-obrachail gus òraid ghoirid ann an Gàidhlig ullachadh agus a phlanadh, a' cleachdadh

<p>cleachdadh fiosrachadh</p>	<p>ullachadh. A' cleachdadh ICT mar is iomchaidh, 's urrainn dhomh mo thaisbeanadh fhìn a libhrigeadh ann an Gàidhlig:</p> <ul style="list-style-type: none"> • mu chuspair sa bheil ùidh phearsanta agam no mu chuspair co-cheangailte ri cultar no eachdraidh na Gàidhlig • a' cleachdadh cainnt fhreagarrach agus dòighean eadar-dhealaichte air cruth a chur air seantans. <p style="text-align: right;">LGL 3-06a</p>	<p>teicneòlas didseatach agus raon de mheadhanan mar as iomchaidh.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Fa leth a' taisbeanadh cuspair sa bheil ùidh aca do bhuidheann no clas a' cleachdadh, mar eisimpleir, dealbhan, teicneòlas didseatach no cairtean sanais mar thaic. • Cumail taisbeanadh goirid a' dol gus mionaideachd a thaisbeanadh ann an cleachdadh na Gàidhlig, ged a dh'fhaodas notaichean no cinn an cleachdadh, chan eil sgriobt ga leughadh. • Cleachdadh briathrachas iomchaidh agus beagan de mheasgachadh ann an structar an t-seantans.
<p>Cleachdadh eòlas air cànan</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan, air dòigh-labhairt agus air fuaimneachadh a chur gu feum airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> • a dhèanamh cinnteach gu bheil daoine eile gam thuigsinn nuair a tha mi a' fuaimneachadh fhacail no abairtean air a bheil mi eòlach. • mo chuideachadh ann an obrachadh a-mach mar a dh'fhuaimnicheas mi facail air nach eil mi eòlach. • teacsa goirid a leughadh a-mach gun mhearachd agus le misneachd. <p style="text-align: right;">LGL 3-07a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh eòlas air Gàidhlig airson teacsa aithnichte a ràdh no a leughadh le soilleireachd agus mionaideachd a tha a' sior fhàs. • Fuaimneachadh fhacail aithnichte gu soilleir a' cleachdadh fonn-cainnt ann an dòigh iomchaidh. • Freagairt cheistean agus chuimhneachain a' cleachdadh briathrachas agus abairtean aithnichte. • Ag aithneachadh agus ag ràdh/leughadh fhacail eòlach ann am measgachadh de cho-theacsaichean. • Cur an sàs fuaimneachadh, eòlas air litreachadh agus riaghailtean gràmair airson facail a tha neo-aithnichte a dhi-còdadh. • Cur an sàs eòlas air gràmar mar chothrom air briathrachas san fhaclair, mar eisimpleir, sèimheachadh, iomarran agus tràthan.

Leughadh	<p>Lorg agus cleachdadh fiosrachadh</p>	<p>Dh'obraich mi leam fhìn agus le daoine eile airson teacsaichean a thuigsinn, a' cleachdadh stòrasan iomchaidh. 'S urrainn dhomh leughadh, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn theacsaichean nas iomadh-fhillte ann an cànan air a bheil agus air nach eil mi eòlach.</p> <p>LGL 3-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Leughadh agus deasbad nam beachdan ann an raon nas fharsaing de theacsaichean, a' gabhail a-steach didseatach agus ioma-mhòdach, ann an co-theacsaichean nach eil cho aithnichte tarsainn raon de mheadhanan le comas air teacsaichean a choimeasadh agus iomsgaradh le fireanachadh iomchaidh. • Freagairt cheistean ann an dòigh iomchaidh agus le mionaideachd a tha a' sìor fhàs, air am faighneachd mu theacsaichean anns a bheil cànan aithnichte agus neo-aithnichte. Tha na seantansan air an cleachdadh a' dèanamh ciall. • Taisbeanadh tuigse do theacsaichean tro fhreagairtean iomchaidh. • Cur an sàs leughadh agus eòlas air ro-innleachdan cànan, a' cur ri tuigse do chànan neo-aithnichte. • Leughadh agus taisbeanadh tuigse do phiosan leudaichte de theacsa anns a bheil an dà chuid briathrachas aithnichte agus neo-aithnichte, mar eisimpleir, artaigilean iriseach.
----------	--	---	---

Leughadh	Leughadh airson ùidh ann an cultar	<p>Dh'obraich mi leam fhìn agus daoine eile airson theacsaichean sìmplidh Gàidhlig a leughadh agus a sgrùdadh. 'S urrainn dhomh nas aithne dhomh a thaisbeanadh mu bheatha agus cultar ann an dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus na cànanan dàimheil dhi air an labhairt.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-09a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Leughadh theacsaichean Gàidhlig a' cleachdadh feartan den teacsa, a' cur taic ri tuigse do fhacail nach eil cho aithnichte. • Freagairt cheistean ann an dòigh iomchaidh mu theacsaichean a tha a' taisbeanadh tuigse. • Lorg agus roinn fiosrachadh bho theacsa co-cheangailte ri taobhan de chultar na Gàidhlig ann an dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus cànanan dàimheil dhi air an labhairt. • Cur an sàs fiosrachadh, eòlas agus iomraidhean air am faotainn tro leughadh ann an lìbhrigeadh thaisbeanaidhean goirid agus a' gabhail pàirt ann an deasbadaidhean mu chuspairean a dh'fhaodadh a bhith nas neo-aithnichte, mar eisimpleir, spòrs, cothroman cosnadh ann an Gàidhlig, ceòl Gàidhlig agus ionnsachadh tron àite-obrach.
	Leughadh airson ùidh agus tlachd	<p>Thagh mi agus 's urrainn dhomh raon de theacsaichean ann an diofar stoidhlichean a leughadh le tlachd, cuid aca air an atharrachadh gu ìre.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taghadh, leughadh agus roinn raon de theacsaichean le càch. • Leughadh raon de theacsaichean airson diofar adhbharan gu neo-eisimeileach agus còmhla ri càch.

<p>Cleachdadh eòlas mu chànan</p>	<p>'S urrainn dhomh faclair dà-chànanach a chleachdadh gu neo-eisimeileach airson mo chuideachadh a' tuigsinn cànan ùr.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-11a</p> <p>'S urrainn dhomh feartan fhacail sa chànan a tha mi ag ionnsachadh aithneachadh, agus an cleachdadh airson briathrachas agus na ceanglaichean eadar facail a thuigsinn.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-11b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh faclair dà-chànanach gu neo-eisimeileach airson brìgh briathrachais a lorg. • Cur an sàs eòlas air gràmar mar chothrom air briathrachas ann am faclair a lorg agus a chleachdadh, mar eisimpleir, sèimheachadh, iomarran agus tràthan. • Ag aithneachadh fhacail chumanta agus facail bho dhiofar cho-theacsaichean agus a' leughadh a-mach theacsaichean le fileantachd a tha a' sìor fhàs, a' taisbeanadh tuigse. • Leughadh agus tuigsinn theacsaichean a tha a' gabhail a-steach briathrachas agus structaran air an ionnsachadh ann an co-theacsaichean aithnichte agus neo-aithnichte. • Leughadh agus taisbeanadh tuigse do theacsaichean tro fhreagairt cheistean mu adhbhar agus a' cur faireachdainn ris mar as iomchaidh. • Leughadh agus taisbeanadh tuigse do theacsaichean anns a bheil raon de thràthan: buadhairean, co-ghnìomhairean, neo-fhinideach, cleachdadh air àireamhan ann an co-theacsa leithid airgead, cuideam, faid; cleachdadh air riaghailtean airson ainmearan boireann cumanta, abairtean stèidhichte anns an tuiséal roimhearach. • Cur an gnìomh ro-innleachdan leughaidh leithid grad-leughadh, sganadh agus tuairmsean co-theacsail airson brìgh a stèidheachadh. • Dèanamh gearr-iomradh agus/no libhrigeadh nam prìomh phuingean ann an teacsa le bhith a' toirt seachad pìosan beaga de mhion-fhiosrachadh.
--	--	---

Sgrìobhadh	<p>Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh</p>	<p>'S urrainn dhomh fiosrachadh nas mionaidiche a chur ri chèile, ath-sgrìobhadh agus a thaisbeanadh airson diofar adhbharan mum dheidhinn fhìn agus mu dhaoine eile, mu na h-eòlasan agam no mu chuspair a thagh mi fhìn.</p> <p>'S urrainn dhomh fiosrachadh simplidh a sgrìobhadh mu bheatha ann an cuid de na dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus na cànanan dàimheil dhi air an labhairt.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-12a</p> <p>'S urrainn dhomh mo bheachdan a chur an cèill agus adhbharan simplidh a thoirt seachad air an son.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-12b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cruthachadh theacsaichean sgrìobhte airson measgachadh de dh'adhbharan agus faidean, mar eisimpleir, litrichean, puist-d, blogaichean no artaigilean a' toirt seachad fiosrachadh pearsanta le mion-fhiosrachadh a tha a' gabhail a-steach cuspairean sgoile, cur-seachadan, obair agus teaghlach. • Sgrìobhadh mu chuspairean nach eil cho aithnichte a tha iomchaidh don adhbhar agus luchd-amais. Tha an sgrìobhadh soilleir air a' chiad leughadh agus siubhlach tro abairtean ceangalach, paragrafan ceangailte agus mothachadh a tha a' sìor fhàs do riaghailtean gramataigeach. • Sgrìobhadh airson beachdan a chur an cèill, fireanachadh roghainnean a' cleachdadh sheantansan sìmplidh agus briathrachas iomchaidh, cur an sàs eòlas gramataigeach a tha a' sìor fhàs.
------------	--	--	--

<p>Cleachdadh eòlas air cànan</p>	<p>'S urrainn dhomh mionaideachd mo sgrìobhaidh a mheasadh, a' cleachdadh m' eòlas air cànan, taic dhaoine eile agus stuthan-taic freagarrach, nam measg slatan-tomhais coileanaidh.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-13a</p> <p>'S urrainn dhomh gnàthasan-cainnte Gàidhlig a chleachdadh gu ceart.</p> <p style="text-align: right;">LGL 3-13b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh raon a tha a' sìor fhàs de bhriathrachas taobh a-staigh seantansan, agus tha paragrafan co-cheangailte. • Cleachdadh raon de thràthan le buadhairean agus gnìomhairean simplidh. • Cleachdadh blasan-cainnte le mionaideachd a tha a' fàs. • Litreachadh nam facal as cumanta gu ceart, a' cleachdadh stuthan iomraidh, mar eisimpleir, faclairean, teicneòlas didseatach agus beag-fhaclairean, airson litreachadh agus briathrachas neo-aithnichte a sgrùdadh nan obair sgrìobhte fhèin agus chàich. • Puingeachadh sheantansan gu mionaideach, a' cleachdadh àbhaistean puingeachaidh. • Dearbh-leughadh agus ceartachadh sgrìobhadh a rèir nan slatan-tomhais agus nan targaidean leasachaidh. • Taisbeanadh tuigse shoilleir do na h-atharrachaidhean a tha dèante ann an ceartachadh sgrìobhaidh, agus a' mìneachadh nan adhbhar airson nan atharrachaidhean sin. • Cleachdadh abairtean gnàths-cainnteach airson ùidh a thogail agus saidhbhreas a chur ris an sgrìobhadh.
--	---	---

Slatan-tomhais – Gàidhlig Ceathramh Ìre (Luchd-ionnsachaidh)

Eagraichearan Curraicealaim		Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Èisteachd agus labhairt	Èisteachd airson fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri agus tuigse do chànan bho mheasgachadh de stòran a shealltainn, a' gabhail a-steach luchd-labhairt nach aithne dhomh, far a bheil na seantansan nas iomadh-fhillte agus neo-àbhaisteach agus anns a bheil cànan air nach eil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh ann an raon de ghnìomhachdan cànan a tha nas iomadh-fhillte agus nach eil cho furasta an ro-innse, mar eisimpleir, dàin, sgeulachdan, riochdan-gabhail, còmhraidhean, taisbeanaidhean agus suidheachaidhean gun ullachadh a tha air an lìbhrigeadh aig luaths nàdarrach.
	Èisteachd agus labhairt le càch	<p>'S urrainn dhomh èisteachd ri daoine eile agus am freagairt, a' gabhail a-steach fhileantaich chuideachail, ann an còmhraidhean nas fhaide nach eil a' leantainn pàtran àbhaisteach.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-02a</p> <p>'S urrainn dhomh pàirt èifeachdach a ghabhail ann an còmhraidhean sa bheil fiosrachadh nas mionaidiche, a' cleachdadh raon fharsaing de structaran cànan agus gnàthasan-cainnte Gàidhlig airson fiosrachadh, eòlasan, faireachdainnean agus beachdan iomlaid, agus 's urrainn dhomh adhbharan nas mionaidiche a thoirt airson mo bheachd.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-03a</p> <p>'S urrainn dhomh còmhradh a thòiseachadh agus a chumail a' dol le bhith, mar eisimpleir, a' faighneachd cheistean iomchaidh agus ag iarraidh cuideachadh mar a bhios feum air.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-04a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh tuigse do chànan air a chleachdadh ann an raon de theacsaichean èisteachd tro fhreagairtean iomchaidh leudaichte saor-thoileach. • Cumail suas còmhraidhean aig luaths nàdarrach, taobh a-staigh nan raointean cànan a tha iad ag ionnsachadh, gus tuigse do structaran gramataigeach agus briathrachas a thaisbeanadh, le ìre àrd de mhionaideachd. • Cleachdadh agus cur an sàs riaghailtean gramataigeach le ìre àrd de mhionaideachd, mar eisimpleir, tràthan caithte, làthaireach, teachdail agus cumhach, gnìomhairean neo-riaghailteach, riochdairean roimhearach, abairtean gnìomhaireach agus comasach air gluasad le misneachd eadar tràthan. • Cur an gnìomh dòighean neo-labhairteach ann an conaltradh le càch. • Ag èisteachd, gabhail thursan agus cur aig an àm iomchaidh ri còmhraidhean mun deidhinn fhèin agus càch, a tha de fhaid agus toinnteachd a tha a' sìor fhàs. • Nochdadh tuigse do theacsaichean a tha nas seasmhaiche agus nas iomadh-fhillte, le bhith a' tarraing

'S urrainn dhomh obrachadh còmhla ri daoine eile airson dealbhan-cluiche le structar nach eil cho teann ullachadh agus a thaisbeanadh, stèidhichte ann an raon fharsaing de shuidheachaidhean fìor, agus 's urrainn dhomh dèiligeadh ri luchd-labhairt Gàidhlig eile.

LGL 4-05a

às agus a' geàrr-iomradh prìomh fhiosrachadh bho na teacsaichean.

- Comharrachadh an adhbhair agus prìomh phuingeann chòmhradh.
- Cleachdadh fhacail, cheistean agus abairtean nas iomadh-fhillte ann an raon de chuspairean a tha a' sìor fhàs, a' gabhail a-steach iadsan a tha co-cheangailte ri lìonraidheadh sòisealta agus teicneòlas didseatach, gus teacsa leantainneach a chur ri chèile.
- Cleachdadh ro-innleachdan leithid tuairmsean co-theacsail airson brìgh fhacail, abairtean, gnàthasan-cainnte agus dualchainntean obrachadh a-mach, airson measgachadh de stòran èisteachd eadar-mhìneachadh.
- Cleachdadh theirmean modhail sòisealta iomchaidh airson toiseach agus crìoch a chur air eadar-chonaltraidhean.
- Tòiseachadh agus cumail còmhradh a' dol le bhith, mar eisimpleir, a' misneachadh chàich gu an còmhradh a ghluasad air adhart, a' faighneachd cheistean buntainneach agus sireadh cuideachadh.
- Freagairt cheistean ann an dòigh iomchaidh airson fiosrachadh a thoirt seachad mun deidhinn fhèin agus càch, a tha mionaideach agus iomadh-fhillte, mar eisimpleir, taisbeanadh mionaideachd ann an gràmar sa mhòr-chuid den t-sìde.
- Taisbeanadh neo-eismeileachd a' sìor fhàs ann an suidheachaidhean neo-aithnichte agus gnìomhachdan co-obrachail, mar eisimpleir, freagairt fhileantaich ann an còmhradh, riochd-gabhail, obair càraid agus buidhne, cleachdadh gràmar agus briathrachas gu mionaideach.
- Cleachdadh measgachadh de structaran cànanain agus briathrachas ann an roinneadh fiosrachaidh, eòlasan agus beachdan agus comasach air roghainnean fhìreanachadh.

Èisteachd agus Labhairt			<ul style="list-style-type: none"> • Cur an sàs agus a' cleachdadh fhacail, ceistean agus riaghailtean gràmair a tha nas toinnte gu saor-thoileach, aig àm pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean agus eadar-chonaltraidhean eile, mar eisimpleir, riochd-ghabhail. • Gnìomhadh gu co-obrachail gus riochdan-gabhail fosgailte a chruthachadh agus a thaisbeanadh ann an raon de cho-theacsaichean fìor, far a bheil conaltradh a' coileanadh an adhbhair agus nan slatan-tomhais.
	Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh	<p>A' cleachdadh ICT mar a bhios iomchaidh, 's urrainn dhomh mo thaisbeanadh fhìn a phlanadh, ullachadh agus a thoirt seachad sa Ghàidhlig:</p> <ul style="list-style-type: none"> • air cuspair sa bheil ùidh phearsanta agam no air cuspair co-cheangailte ri cultar no eachdraidh na Gàidhlig. • a' cleachdadh fhacail iomchaidh agus raon de structaran gràmair is ghnàthasan-cainnte. <p style="text-align: right;">LGL 4-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Libhrigeadh taisbeanadh mionaideach ann an Gàidhlig mu dhòighean-beatha, beachdan agus roghainnean làithreach, cuspairean co-cheangailte ri cultar na Gàidhlig, a' taisbeanadh mionaideachd mhath agus raon de structaran iomadh-fhillte. • Cleachdadh teicneòlas didseatach no cruthan eile de mheadhanan mar thaic do an taisbeanaidhean, gus soilleireachd na teachdaireachd a dhèanamh cinnteach. • Cumail suas thaisbeanaidhean gus mionaideachd a nochdadh le cleachdadh air a' Ghàidhlig. (Faodar nòtaichean no cinn a chleachdadh ach chan ann mar sgrìobt). • Freagairt cheistean bhon tidsear agus chomhaoisean co-cheangailte ris an taisbeanadh aca. • Cleachdadh briathrachas iomchaidh agus raon de structaran gramataigeach is gnàths-cainnte.
	Cleachdadh eòlas air cànan	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan, dòigh-labhairt agus fuaimneachadh a chur gu feum airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> • a dhèanamh cinnteach gu bheil daoine eile gam thuigsinn nuair a bhios mi a' fuaimneachadh fhacail agus abairtean air a bheil mi eòlach. • mo chuideachadh ann an obrachadh a-mach mar a leughas mi a-mach teacsaichean air a 	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh eòlas air Gàidhlig airson teacsaichean aithnichte agus neo-aithnichte a ràdh agus a leughadh le soilleireachd, mionaideachd, tuigse agus fileantachd. • Cur riaghailtean puingeachaidh an sàs ann am facail neo-aithnichte le bhith a' lorg phàtrain litrichean agus coimeasgaidhean aithnichte. • Fuaimneachadh fhacail aithnichte agus nach eil cho aithnichte gu soilleir, a' cleachdadh fonn-guth ann an

		<p>bheil agus air nach eil mi eòlach, gun mhearachd agus le misneachd.</p> <p>LGL 4-07a</p>	<p>dòigh iomchaidh.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cur tuairmsean co-theacsail, eòlas air riaghailtean litreachaidh is gràmair an sàs, airson facail neo-aithnichte a dhi-còdadh.
<p>Leughadh</p>	<p>Lorg agus cleachdadh eòlas</p>	<p>A' cleachdadh measgachadh de stòrasan, 's urrainn dhomh theacsaichean a leughadh gun chuideachadh, a tha nas mionaidiche agus anns a bheil cànan nach eil cho simplidh, a' gabhail a-steach diofar thràthan agus ghnàthasan-cainnte agus 's urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi gan tuigsinn.</p> <p>LGL 4-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Leughadh agus taisbeanadh tuigse do raon fharsaing de theacsaichean, agus tarsainn raon de ghnèithean. • Freagairt cheistean mu theacsaichean a' comharrachadh prìomh fhiosrachadh agus beachdan. • Leughadh agus taisbeanadh tuigse do raon de phìosan teacsa nas fhaide leithid artaigilean iriseach agus làraichean-lìn Gàidhlig, le raon de bhriathrachas agus structaran a' sìor fhàs tro fhreagairtean iomchaidh, mar eisimpleir, ro-innse dè an cànan/beachd-smuaintean a dh'fhaodadh a bhith anns a' phìos. • Leughadh agus taisbeanadh tuigse do theacsaichean ann an co-theacsaichean aithnichte agus neo-aithnichte, a tha a' cleachdadh raon de thràthan a' gabhail a-steach gnìomhairean neo-riaghailteach, buadhairean le iomarran, co-ghnìomhairean, neo-fhinideach, an tuiséal roimhearach, abairtean stèidhichte san tuiséal sheilbheach, àireamhan òrdail, ainmearan àireamhach. • Cur an sàs raon de ro-innleachdan a' cur taic ri tuigse do chànan neo-aithnichte.

	<p>Leughadh airson ùidh ann an cultar</p>	<p>Dh'obraich mi leam fhìn agus le daoine eile airson teacsaichean simplidh Gàidhlig a leughadh agus a sgrùdadh. 'S urrainn dhomh na dh'ionnsaich mi mu chultaran eadar-dhealaichte a thaisbeanadh, agus gabhail ri coltachdan/eu-coltachdan eadar na dùthchannan sa bheil Gàidhlig agus na cànanan dàimheil dhi air an labhairt.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-09a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Leughadh theacsaichean airson taobh de chultar na Gàidhlig a sgrùdadh. • Taisbeanadh tuigse do na tha air a leughadh tro fhreagairtean iomchaidh do cheistean. • Lorg agus roinn fiosrachadh bho theacsa co-cheangailte ri taobhan de chultar na Gàidhlig ann an dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus cànanan dàimheil dhi air an labhairt. • Cleachdadh fiosrachadh, eòlas agus iomraidhean air an togail tro leughadh ann an libhrigeadh thaisbeanaidhean agus a' gabhail pàirt ann an deasbadaidhean mu chuspairean as dòcha nach eil cho aithnichte, mar eisimpleir, spòrs, cùrsaichean-beatha Gàidhlig, ceòl Gàidhlig agus ionnsachadh tron àite-obrach.
	<p>Leughadh airson ùidh agus tlachd</p>	<p>'S urrainn dhomh measgachadh de theacsaichean a thaghadh agus a leughadh airson tlachd, sa bheil cànan air a bheil agus nach eil mi eòlach, cuid aca air an atharrachadh gu ìre.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taghadh raon de theacsaichean airson an leughadh. • Leughadh raon de theacsaichean gu neo-eisimeileach airson diofar adhbharan.

Leughadh	Cleachdadh eòlas air cànan	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan agus ro-innleachdan eile a chleachdadh airson mo chuideachadh a' tuigsinn agus a' sgrùdadh theacsaichean sa bheil barrachd fiosrachaidh agus anns a bheil cànan air nach eil mi eòlach agus structaran nach eil cho simplidh.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-11a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh faclair dà-chànanach agus teicneòlas didseatach gu neo-eisimeileach, gus brìgh a' bhriathrachais a lorg. • Cur an sàs eòlas air gràmar airson cothrom air briathrachas ann am faclair a chleachdadh, mar eisimpleir, sèimheachadh agus atharrachaidhean bho thuissealan leithid an tuiseal roimhearach. • Ag aithneachadh briathrachas bho dhiofar cho-theacsaichean agus leughadh a-mach theacsaichean le fileantachd a tha a' sìor fhàs, a' taisbeanadh tuigse. • Leughadh agus tuigsinn theacsaichean a tha a' gabhail a-steach briathrachas neo-aithnichte agus barrachd structaran. • Cur an sàs ro-innleachdan leughaidh leithid grad-leughadh, sganadh agus tuairmsean co-theacsail gus brìgh theacsaichean a tha a' sìor fhàs iomadh-fhillte, a stèidheachadh. • Dèanamh geàrr-iomradh, toirt seachad brìgh, toirt seachad pìosan de mhion-fhiosrachadh agus a' libhrigeadh nam prìomh phuingeann san teacsa.
Sgrìobhadh	Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh sgrìobhadh mu bheatha no cultar ann an dùthchannan far a bheil Gàidhlig agus na cànanan dàimheil dhi air an labhairt.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-12a</p> <p>'S urrainn dhomh barrachd a sgrìobhadh air raon nas fharsainge de chuspairean, ann an diofar chruthan, a' cleachdadh measgachadh de structaran, thràthan is de fhacail ceangail.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-12b</p> <p>'S urrainn dhomh sgrìobhadh mu nithean a thachair dhomh, m' fhaireachdainnean agus mo bheachdan, agus adhbharan a thoirt seachad air an son.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-12c</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Sgrìobhadh airson measgachadh de dh'adhbharan, faid agus luchd-amais ann an co-theacsaichean a tha a' sìor fhàs iomadh-fhillte, mar eisimpleir, litrichean, puist-d, intrigean leabhar-latha, leabhrair, blogaichean no artaigilean. Sgrìobhadh le fileantachd agus siùbhlachd a tha a' sìor fhàs, le seantansan nas toinnte, facail ceangail agus paragrafan co-cheangailte. • Sgrìobhadh airson beachd-smuaintean a thoirt seachad, beachdan a chur air adhart, roghainnean fhìreanachadh a' cleachdadh sheantansan mionaideach agus briathrachas iomchaidh, cur an sàs eòlas gramataigeach.

<p>Cleachdadh eòlas air cànan</p>	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan a chleachdadh, a' gabhail a-steach structar, litreachadh agus puingeachadh, airson a dhèanamh cinnteach dhomh fhìn gu bheil mo litreachadh ceart.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-13a</p> <p>'S urrainn dhomh raon de ghnàthasan-cainnte iomchaidh Ghàidhlig a chleachdadh gu ceart.</p> <p style="text-align: right;">LGL 4-13b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh raon de thràthan le buadhairean, gnìomhairean agus naisgearan. • Taisbeanadh mionaideachd le blasan-cainnte, litreachadh agus mothachadh gramataigeach. • Gabhail fiosrachadh a-steach do sgrìobhadh bho rannsachadh agus stòran eile. • Cleachdadh abairtean gnàths-cainnteach gus ùidh a thogail agus saidhbhreas a chur ri sgrìobhadh. • Dearbh-leughadh agus ceartachadh sgrìobhadh a rèir nan slatan-tomhais agus nan targaidean leasachaidh. • Taisbeanadh tuigse shoilleir do na h-atharrachaidhean a tha dèante san sgrìobhadh agus an uair sin a' mìneachadh nan adhbhar airson nan atharrachaidhean sin.
--	---	--